



A' toirt buaidh air a' Ghàidhlig

Thug Mairead buaidh air a' Ghàidhlig sa bhad.

Gus Mairead a dhèanamh aig an taigh, thuirt Calum gum b' e Sagsanais seach Gàidhlig an cànan a bhiodh air a chleachdadh sa chùirt rìoghail.

Chì sinn buaidh Maireid air crùn na h-Alba agus air Alba san fharsaingeachd le bhith a' dèanamh coimeas eadar na h-ainmean Gàidhlig a bh' air an trìùir chloinne bhon chiad phòsadh aig Calum (Donnchadh, Dòmhnall agus Calum), agus na h-ainmean a bh' air an ochdnar bhon dàrna pòsadh.

B' fheàrr leatha-se an Eaglais Chaitligeach seach an Eaglais Cheilteach, agus thug i leatha **manaich** Bhenedicteach a stèidhichheadh abaid ann an Dùn Phàrlain.

